

--	--	--	--	--	--

	KU	RE
Paper 1		
Paper 2		
Total		

4500/29/01

TEISTEANAS
NÀISEANTA
2012

DICIADAIN, 2 CÈITEIN
10.40 m – 11.15 m

MATAMATAIG
AN ÌRE CHOITCHEANN
Meadhan Ìre
Pàipear 1
Gun àireamhair

Lìon na bogsachean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-iosal.

Làin ainm sgoile no colaiste

--

Baile

--

Ciad ainm(ean)

--

Sloinneadh

--

Latha breith

Là Mios Bliadhna Àireamh an oilleanach

--	--	--	--	--	--

Àireamh an t-suidheachain

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

--

1 Chan fhaod thu àireamhair a chleachdadh.

2 Freagair nas urrainn dhut de na ceistean.

3 Sgrìobh d' obrachadh-a-mach agus do fhreagairtean anns na h-àiteachan a tha air am fàgail faladh. Tha rùm a bharrachd aig deireadh an leabhair ma bhithreas feum agad air. Ma chleachdas tu e, sgrìobh gu soilleir àireamh na ceiste tha thu a' dèanamh.

4 Airson na comharaidhean fhaighinn gu lèir feumaidh tu d' obrachadh-a-mach a shealltainn.

5 Mus fhàg thu seòmar na deuchainn feumaidh tu an leabhar seo thoirt don Fhreiceadan. Mur dèan thu seo dh'fhaodadh tu na comharaidhean gu lèir a chall.

LIOSTA FHOIRMLEAN

Cearcall-thomhas:

Farsaingeachd clearcaill:

Farsaingeachd lùbte siolandair:

Tomhas-lìonaidh siolandair:

Tomhas-lìonaidh priosaim thriantanaich:

$$C = \pi d$$


$$A = \pi r^2$$

$$A = 2\pi r h$$


$$V = \pi r^2 h$$

$$V = A h$$

Teoram Pythagoras:



Co-mheasan trigonomeatraigeach
ann an triantan ceart-cheàrnach:




$$\tan x^\circ = \frac{\text{mu choinneamh}}{\text{dlùth}}$$

$$\sin x^\circ = \frac{\text{mu choinneamh}}{\text{hypotenuse}}$$

$$\cos x^\circ = \frac{\text{dlùth}}{\text{hypotenuse}}$$

Caisead:



$$\text{Caisead} = \frac{\text{àirde dhìreach}}{\text{astar còmhnaid}}$$

<i>Comharraidhean</i>	KU	RE
1		
(a) $14\cdot6 - 3\cdot21 + 5\cdot3$		
(b) $2\cdot44 \times 90$		
(c) $76\cdot8 \div 6$		
(d) $\frac{1}{4} + \frac{1}{3}$		
2		

[Tionndaidh an duilleag

1. Obraich a-mach iad seo.

(a) $14\cdot6 - 3\cdot21 + 5\cdot3$

(b) $2\cdot44 \times 90$

(c) $76\cdot8 \div 6$

(d) $\frac{1}{4} + \frac{1}{3}$

2. Tha cuid de phrìomh chluicheadairean ball-coise a' cosnadh £27·2 millean gach bliadhna.



Sgrìobh 27·2 millean anns an riochd shaidheansail.



2

3. Tha na solais ann an ionad chur-seachadan ann an cumadh thriantain le lampaichean dathte.

Faodar na solais a chur ri chèile ann an earrannan mar seo.



- (a) Cuir crioch air a' chlàr gu h-iosal.

An àireamh sholais (s)	1	2	3	4	5	6	12
An àireamh lampaichean (l)	6	11					

2

- (b) Sgrìobh sìos foirmle airson obrachadh a-mach an àireamh lampaichean (l) ma tha fhios agad air an àireamh sholais (s).

2

- (c) Tha na solais anns an ionad chur-seachadan a' cleachdadh 116 lampaichean gu lèir.

Cia mheud solas a th' ann?

2

[Tionndaidh an duilleag]

Comharraidhean

4. Seall air na h-àireamhan seo: 50, 93, 43, 56, 85, 42 agus sgrìobh sìos:

(a) dà àireamh tha nan iomadan de sheachd;

1

(b) a' phriomh àireamh;

1


(c) an àireamh as fhaisge air àireamh cheàrnagach.

1

5. Tha làrach-lìn a' sealltainn cuid dhe na teothachdan neo-àbhaisteach a chaidh a chlàradh anns an t-saoghal.

Chaidh teothachd 58°C a chlàradh ann an Libya anns a' bhliadhna 1922.

Chaidh teothachd -64°C a chlàradh ann an Siberia anns a' bhliadhna 1973.



Obraich a-mach an diofar eadar an dà theothachd seo.

2

6. Cuir iad seo ann an òrdugh, a' tùiseachadh leis an fhear as lugháin.

$$\frac{1}{5} \quad 0.05 \quad 51\% \quad 0.505 \quad \frac{5}{10}$$

2

[Tionndaidh an duilleag]

7. Tha Cailean ag obair ann a mòr-bhùth aig an deireadh-sheachdain.

Tha e a' faighinn tuarastal £7.50 gach uair a thìde air Disathairne.

Tha e a' faighinn tuarastal uair a thìde gu leth airson a h-uile uair a thìde tha e ag obair air Didòmhnaich.

Dh' obraich Cailean 7 uairean a thìde Disathairne agus 6 uairean a thìde Didòmhnaich.



Comharraidhean

KU	RE
----	----

Obraich a-mach an tuarastal aig Cailean airson an deireadh-sheachdain.

3

8. Bha 720 neach anns A' Venue Dihaoine.

Cha robh an talla ach 80% làn Dihaoine.

Disathairne bha A' Venue làn.



Cia mheud neach a bh' anns A' Venue Disathairne?


3

[Tionndaidh an duilleag

9. Ghabh Jamie an trèana-oidhche bho Dhùn Èideann gu Lunnainn.

Ràinig i Lunnainn aig 0624.


Thug an turas 6 uairean a thìde agus 58 mionaidean.



Dè an uair aig an do dh'fhàg an trèana Dùn Èideann?

2

10.



Tha an dealbh a' sealltainn leth-clearcall le trast-thomhas BD.

- Tha C a' laighe air a' clearcall-thomhas
- Anns an triantan BCD, tha ceàrn CDB 71°
- 'S e loidhne dhìreach a th' anns an loidhne AD

Obraich a-mach meud ceàrn dhathte ABC.

3

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

ÀITE A BHARRACHD AIRSON FREAGAIRTEAN

Briathrachas (Meadhan Ìre, Pàipear 1)—Glossary (General Level, Paper 1)

Gàidhlig	Beurla
Riochd saidheansail	Scientific notation
Ionad chur-seachadan	Amusement arcade
Neo-àbhaisteach	Unusual
Iomadan	Multiples
Àireamh cheàrnagach	Square number

[DUILLEAG FHALAMH]